

- Uaireannan canar dìomhaireachd muirt no lorg-phoileas eucoir riutha
- 'S àbhaist dha rosg innleachdail agus tuairisgeulan fada a bhith anns a' chànan a thathas a' cleachdadh
- 'S àbhaist dha caractar, 'eòlaiche', a thuilleadh air na poilis a bhith annta a gheibh fuasgladh dhan eucoir - 'neach-rannsachaidh iomraiteach'
- Glè thrìc tha na lorg-phoilis ag obair ann an sgioba de dhithis me Poirot agus Hastings
- Am plota ga ghluasad 's chan e na caractaran
- Tha an leughadair a' faighinn 'thuairmsean' a dh'fhaodas iad fhèin fhuasgladh. 'S dòcha gum fuasgail an leughadair an tòimhseachan mus eil e a' nochdadh san leabhar
- Cha leig e leas cus caractaran a bhith ann me cha b' urrainn ach buidheann beag de dhaoine a bhith air am murt a dhèanamh
- Tha an suidheachadh tric taobh a-staigh chrìochan teann m.e. tha am murt a' tachairt air bàta air turas-cuain no ann an taigh ann an àite iomallach
- Is aithne dha na caractaran eile am murtair
- Tha na poilis tric leibideach no nan 'caractaran comadaidh'
- Àbhachdas a' ruith troimhe
- Faodaidh murt ann an 'rùm glaiste' / eucoir do-dhèanta tachairt anns na leabhraichean seo
- Tha an tachartas ath-chruthachaidh glè thrìc a' tachairt aig deireadh an leabhair
- 'Car aig an deireadh' a dh'fhaodadh 'cuideigin nach robh riamh fo amharas' a nochdadh
- Chan e an neach gaoil no an lorg-phoileas am murtair uair sam bith
- Faodaidh an suidheachadh a bhith cian-thìreach agus dìomhair me an Èiphit, an àird an Ear, eilean iomallach

E  
E  
C  
C  
P  
P  
C  
S  
C  
C  
E  
E  
E  
E  
E  
S



**Cò rinn e?**

**EUCOIR**

Tha gach comharra gnè a' tighinn fo aon de na ceithir cinn a leanas: Suidheachadh (S) Plota (P) Caractar (C) Eile (E)